

A Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
èist ri ar n-ùrnaigh,  
ann an ainm an Tì a tha ri ùrnaigh air ar sgath  
agus a chomh-pàirtich ann am beatha an t-saoghail.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
èist ri ar n-ùrnaigh  
a a labhras sinn bho ìre as doimhne ar bith,  
am measg teanntachd is cruaidh-chàs ar làithean.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
èist ri ar n-ùrnaigh,  
ann an ainm an Tì a rinn ùrnaigh dhut-sa  
le caoineadh cruaidh is deòir,  
agus èist rinn agus sinn a' dèanamh mar an ceudna.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
èist ri ar n-ùrnaigh,  
agus sinn a' comh-pàirteachadh ann am beatha an t-saoghail,  
agus ann an doimhneachd fulangasan an t-saoghail.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
èist ri ar n-ùrnaigh,  
ann an ainm an Tì a tha na dhaonna mar sinn fhìn, agus còmhla rinn fhìn  
air ar sgàth agus gus ar slànachadh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.